

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleam@bbc.co.uk. This is Litir 433. Note that there is also a simplified version called *An Litir Bheag* which is likewise available on the BBC website. *Litir Bheag* 129 corresponds to *Litir* 433.*

Bha mi ag innse dhuibh mu dhà bheathach annasach anns an Litir mu dheireadh. **Chan e gu bheil na h-ainmhidhean annasach annta fhèin**, ach gu bheil iad car neo-àbhaisteach far a bheil iad – air eileanan Loch Laomainn. B’ iad an dathas agus seòrsa de ualabai.

Mus fhàg sinn Loch Laomainn agus a chuid bheathaichean, tha mi airson innse dhuibh mu chreutair eile – eun – a tha a’ fuireach ann. Cha chanadh tu gu bheil e annasach ach, gu dearbh, chan eil e pailt ann an Alba. ’S e sin an capall-coille.

Bha mi a’ leughadh leabhar an latha eile anns an robh iomradh air Loch Laomainn. ’S e an leabhar “*Highways and Byways in the West Highlands*” leis an eòlaiche-nàdair, Seton Gòrdan nach maireann. Chaidh fhoillseachadh an toiseach ann an naoi ceud deug, trithead ’s a còig (1935). Uaireigin roimhe sin, chaidh an t-ùghdar gu ruige Innis Caillich ann an Loch Laomainn. Bha e air cluinntinn gum biodh grunn chapall-coille a’ cur seachad na h-oidhche air na craobhan-giuthais anns an eilean. Gach oidhche bhiodh iad a’ falbh o thìr-mòr, agus a’ dèanamh air an eilean.

Ro dhol fodha na grèine, chaidh Gòrdan agus a chompanaich a-mach don eilean. Dhìrich iad don choille far a bheil na craobhan-giuthais. Dh’fhuirich iad an sin gu sàmhach, a’ feitheamh gus an nochdadh na h-eòin. Dh’fhàs a’ ghealach agus na rionnagan soilleir anns na speuran. Dh’fhàs an t-adhar dorch. Ach cha do nochd na capaill-choille.

Nuair a bha mise ann an Loch Laomainn cha do dh’fheuch mi ri capall-coille a lorg. Ach, a rèir choltais, tha iad fhathast ann. Tha co-dhiù aon eilean ann far am bi iad a’ nochdadh. Eadar naoi ceud deug naochad ’s a còig (1995) agus naochad ’s a naoi (1999), lorgadh – **sa chuibheas** – naoi capaill-choille anns an eilean sin aig àm a’ chunntaidh gach bliadhna. Tha sin a’ riochdachadh trithead ’s a seachd eòin anns gach cileameatair ceàrnagach – an tricead as àirde ann an Alba.

Bha mi a’ fuireach ann an Innis Mhearain – an t-eilean as motha anns an loch. Bidh fios aig cuid agaibh, ’s dòcha, gu bheil àite san eilean airson rùisgtearan. Uill, tha mi airson a ràdh gun robh mo chuid aodaich orm fad na h-ùine! Agus chan fhaca mi duine a bh’ air a chaochladh!

Tha Innis Mhearain – no *Inchmurrin* – a’ faighinn ainm bhon Naomh Mearain aig an robh caibeal anns an eilean. ’S e an naomh a tha gu mòr co-cheangailte ri Pàislig – *Saint Mirren* ann am Beurla. Tha sgioba ball-coise ann am Pàislig a tha a’ giùlain ainm.

’S e àite laghach a th’ ann an Innis Mhearain, agus bidh mòran aig a bheil bàtaichean a’ tadhal air oir tha taigh-òsta ann. Tha feadhainn a tha a’ fuireach ann an sàs

ann an sgitheadh-uisge. Uill, carson nach bitheadh, agus àite freagarrach taobh a-muigh an taigh aca.

Bha seann charaid dhomh a bhuineadh don Chomraich, nach eil beò tuilleadh, na phoileas ann an Lus air bruach Loch Laomainn an dèidh a' Chogaidh. Abair na stòiridhean a dh'innis e dhomh mu bhith a' coimhead airson daoine a bh' air a dhol a dhìth anns an loch. Uaireannan cha d' fhuair iad lorg idir air na cuirp aca. B' fheàrr leam gun robh mi air na stòiridhean aige a chlàradh oir is beag a' chuimhne a th' agam orra a-nise.

* * * * *

Faclan na Litreach: neo-àbhaisteach: *unusual*; dathas: *fallow deer*; ualabai: *wallaby*; pailt: *plentiful*; capall-coille: *capercaillie*; dhìrich: *ascended, climbed*; tricead: *frequency*; Innis Mhearain: *Inchmurrin*; rùisgtearan: *nudists, naturists*; Naomh Mearain: *St Mirren*; caibeal: *chapel*; sgitheadh-uisge: *water-skiing*; Lus: *Luss*; clàradh: *record[ing]*.

Abairtean na Litreach: agus a chuid bheathaichean; *and its animals*; anns an robh iomradh air Loch Laomainn: *in which there was a mention of Loch Lomond*; leis an eòlaiche-nàdair, Seton Gòrdan nach maireann: *by the naturalist, Seton Gordon, deceased*; uaireigin roimhe sin: *sometime before that*; a' cur seachad na h-oidhche air na craobhan-giuthais: *spending the night on the pine trees*; bhiodh iad a' falbh o thìr-mòr, agus a' dèanamh air an eilean: *they would leave the mainland and make for the island*; ro dhol fodha na grèine: *before sunset*; a' feitheamh gus an nochdadh na h-eòin: *waiting until the birds would appear*; dh'fhàs a' ghealach agus na rionnagan soilleir anns na speuran: *the moon and the stars grew bright in the heavens*; far am bi iad a' nochdadh: *where they appear*; a' riochdachadh trithead 's a seachd eòin anns gach cileameatair ceàrnagach: *representing 37 birds per square kilometre*; tha mi a' dèanamh dheth: *I reckon*; gun robh mo chuid aodaich orm: *that my clothes were on me*; duine a bh' air a chaochladh: *[any] person that was otherwise*; tha sgioba ball-coise ann am Pàislig a tha a' giùlain ainm: *there is a football team in Paisley which carries his name*; carson nach bitheadh?: *why wouldn't [they] be?*; a bhuineadh don Chomraich: *who belonged to Applecross*; abair na stòiridhean a dh'innis e dhomh: *what stories he told me*; daoine a bh' air a dhol a dhìth: *people who had gone missing*; is beag a' chuimhne a th' agam orra: *I remember little of them*.

Puing-chànain na Litreach: lorgadh – **sa chuibheas** – naoi capaill-choille: *nine capercaillie* – **on average** – *were found*. *If you find mathematical terminology difficult in Gaelic, Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig produced a Faclair Matamataig/Maths Glossary last year – it's very useful. In the schools, cuibheas is the noun used for “average” or “mean”; cuibheasach is its equivalent adjective. Median is meadhan (noun) or meadhanach (adjective).*

Gnàthas-cainnt na Litreach: Chan e gu bheil na h-ainmhidhean annasach annta fhèin: *it's not that the animals are unusual in themselves.*

* Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig.